

3 An t-Ògmhios 2025

A phàraint/neach-cùraim chòir

Anns an Fhaoilleanach 2025, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Acadamaidh Allt a' Mhuilinn. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ceannardas ro-innleachdail is deagh fhòcasainaichte a' cheannaird. Tha i a' stiùireadh coimhearsnachd na sgoile tro atharrachadh gu h-èifeachdach agus gu mothachail.
- Tha an luchd-obrach ag obair còmhla gu math gus leasachaidhean ann an ionnsachadh is teagasg a thoirt air adhart. Tha seo a' toirt piseach air eòlasan seòmar-sgoile do luchd-ionnsachaidh. Tha dàimhean làidir earbsach, cleachdaidhean seòmar-sgoile agus ionnsachadh ann an àrainneachdan adhartach, fhàilteachail buannachdail do dhaoine òga.
- An fharsaingeachd de choileanaidhean beairteach. Tha daoine òga a' cur luach anns an fharsaingeachd de dhòighean anns an urrainn dhaibh sgilean agus eòlas cudromach a shealltainn. Tha iad a-nis comasach air seo a chomharrachadh agus a chlàradh gu cunbalach.
- Tha daoine òga brosnachail mun fharsaingeachd mhisneachail de dh'eòlasan a tha a' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig. Mar thoradh air seo, tha daoine òga a coileanadh thoraidhean làidir sa Ghàidhlig.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Leanaibh air adhart a' leasachadh agus a' neartachadh dhleastanasan ceannardais ro-innleachdail airson àrd-stiùirichean, agus airson an luchd-obrach gu lèir, a' gabhail a-steach ceannardas taobh a-staigh "An Hub". Cumaidh seo taic ri leasachadh sgoiltean nas luaithe. Bu chòir do luchd-obrach cumail orra le bhith a' cruthachadh dhreuchdan ceannardais bhrìoghmhor do dhaoine òga. Dh'fhaodadh seo cur ris an t-sealbh aca air leasachadh na sgoile.
- Dèanaibh cinnteach gun tog tidsearan tuigse cho-roinnte air bun-inbhean gus an urrainn dhaibh breithneachaidhean nas earbsaiche a dhèanamh air an adhartas a nì daoine òga, gu h-àraidh ann am Foghlam Farsaing Coitcheann.
- Thoiribh piseach air dòighean-obrach airson a bhith a' planadh dè agus ciamar a bhios daoine òga ag ionnsachadh mu shunnd agus air dè cho math 's a tha an taic a gheibh iad. Bu chòir daoine òga a bhith an sàs barrachd ann a bhith a' leasachadh an ionnsachaidh sa churraicealam slàinte is sunnd agus a' tomhas na buaidh a th' aig seo orra.

- Dèanaibh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga h-amalachadh ann am planadh ro-innleachdail na sgoile gus am bi leasachaidhean agus àrdachaidhean gach bliadhna air ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

Chruinnich sinn fianais gus luachadh a dhèanamh air obair na sgoile, a' cleachdadh ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagan How good is our school?](#) Tha comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air na tha a' dol gu math agus na tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air gach sgoil, cruinnichidh Riaghaltas na h-Alba fiosrachadh bho na luachaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Allt a' Mhuilinn

Comharran càileachd	Luachadh
Ceannardas atharrachaidh	math
Ionnsachadh, teagastg agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} tionndadh), Pàipear-taice 3: An sgèile sia puingean	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Acadamaidh Allt a' Mhuilinn | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh, mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil tuilleadh an co-cheangal ris an sgrùdadadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithriseadh air mathas nan sgoiltean aca.

Teri McIntosh
Neach-sgrùdaidh an Rìgh